
Semester 2 2014-15

BA Cànan is Cultar
BA Gàidhlig agus Leasachadh
BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta
BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	Gàidhlig 2
Còd a' Mhodail:	UQ508491
Ceann-là/:	Dimàirt 12na Cèitean 2015
Uair/Ùine:	09.30 – 11.30

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean ceadaichte san deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Feumar gach ceist a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanaich** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhair-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar-freagairt.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

CEIST A. Gràmar Foirmeil

a. Cruth an Uilt, an Ainmeir is a' Bhuadhair

Cuir Gàidhlig air na leanas le *botal* (f), *oidhche* (b), *similear* (f)

- i. Why didn't you use the big green bottle?
- ii. The colour of the bottles is very unusual.
- iii. I heard him breaking the bottle on the floor.
- iv. I saw him go out into the cold, dark night.
- v. These dark nights are so cold.
- vi. I think there is a bird in the chimney.
- vii. Look at the birds sitting on the tall chimneys.

b. An Guth Fulangach/ Neo-phearsanta

Eadar-theangaich na leanas is tu a' cleachdadh ghnìomhairean fulangach.
(Na cleachd structaran le *air* no *rach*, m.e. chaidh an sgoil a thogail....bha an sgoil air a togail.)

- i. When was the new hospital opened?
- ii. Will an *eclipse be seen in 2015?
- iii. The budget was heard on the radio for the first time in 1928.
- iv. Would more letters be written if email did not exist?
- v. It was believed long ago that the world was **flat.

*dubhadh

**còmhnard

c. Gnè nam facl:

Dè a' ghnè a tha anns na faclan a leanas agus carson?

Èirinn, naidheachd, litreachas, clàrsach, clachair, Disathairne

d. Òrdugh nam faclan:

Eadar-theangaich na leanas:

- i. Do you want me to write a letter to the teacher?
- ii. Don't we all hope to write a great novel one day?
- iii. The student went to write her essay in the library.

CEIST B. Ceartachadh teacs

Sgrìobh a-mach an earrann gu h-ìseal is tu ga ceartachadh a thaobh gràmair, litreachaidh agus pongalachaidh (sràcan agus cromagan àrda).

Bidh iad ag ràdh nach tig crìoch air obair bhoireannach. Tha seo gu h-àraid fìor ann an dùthchannan bhochda na Roinne a' Deas. Bidh na boireannaich an-sin mar as trice ag obair tòrr a bharrachd uairean a thìde air na fir.

Ann an Afraga tha iad a' meas gu bheil 60% de dh'obair an fhearainn air a' dèanamh le boireannaich, cho math ri bhi a' toirt clann dhan saoghal sa coimhead às an-dèidh. Nuair a tha iad trang le obair an fhearainn tha slàinte an teaghlach a' fulang seach gu bheil na boireannaich ro sgìth airson biadh ceart ullachadh.

Is e bean tuathanaich a th'ann am Parvati. Tha i a' fuireach ann an Kalasthawadi ann an ceann a deas na h-Innseachan. Tha dithis clann aice agus dùil aice ris an tritheamh duine. Bidh i a' coiseachd gu tobar am baile gus uisge a tharraing. Nuair a' thilleas i dhachaigh bidh i a' togail an teine agus a' dèanamh teatha dhen duine aice. Bi esan a' buachailleachd a' chruidh agus mu còig uairean sa mhaduinn, bidh e a' falbh chun an achaidh. Chan fhaic i tuilleadh e gu beul na h-oidhche.

(50)

CEIST C. Sgrìobhadh Saor

Sgrìobh aiste air AON de na leanas:

- a. Chan eilear ag ionnsachadh modh do chloinn san là a th' ann. Is e sin a tha ceàrr air an t-saoghal an-diugh.

Innis carson a tha, no nach eil, thu ag aontachadh ris a' bheachd seo.

- b. Agus thug sin orm m' inntinn atharrachadh.

Mìnich mar a dh'atharraich do bharail mu dheidhinn rudeigin/cuideigin.

- c. Thoir iomradh air leabhar/sgeulachd ghoirid a leugh thu. Mìnich carson a chòrd no nach do chòrd e/i riut.